

## URNUIGH MHADAINN.

**O** DHE thròcairich, agus Athair, trid Iosa Criod ; amhaire a nuas le iochd air creutair truagh ata air tuitim uait. Chaidh mi air seachran uait's o'n bhriomh, seadh ghineadh agus rugadh mi fòs ann am peacadh. O thoir mothachadh dhomh, araon air mo pheacaidh 's air mo thruaighe, gu bheil mi salach agus truagh, dall agus lom-nochd, am feadh 'sa tha mi as eug'ais Chriosd. Ann an ceartas ata mi toilltinn feirg agus ifrinn ; agus mur gleidheadh tua Slànui-fhear dhomh, bhithinn caillte gu bràth.

**O** Dhe dean èolach mi ar Criod mo Shlànai-fhear ; agus biodh m' anam neo-ghlan ar ionnlad ann an tobar fhola phriseil : Agus oibrich annam aithreachas thaobh Dhe, agus creidimh thaobh an Tighearna Iosa Criod.

**O** gu 'm bithinn a' m' aon do dheiscioblaibh Chriosd, air mo theagascg le àitheanta, air mo cheannach le fhuil, agus a' m' fhear leanmhuin air eisiomplair a bheatha.

**A** Tighearna, thoir gràs dhamh chum gradh thoirt dhuits' le m' uile chridhe, agus luaidh thoirt air t'Ainn le h-urram, 's do shàbaide choimhead le tlachd, agus t'focal eisteachd le furachras.

**O** Dhe, na tionnsgain ann an breitheamhnas le peacach truadh droch thoilltineach. 'S leat fein mi thaobh co-cheangail mo bhaiste, ged, mo thruaighe, bha mi neo-sheasmhach fealltach ann sa' cho-cheangal sin, dhearmaid mi Dia mo Chruthai-fhear, mo Shlànaifhear agus mo Naomh-fhear, d'an robh mi 'n ceangal ; agus dh' eist mi ris an Diabhol, an saoghal' agus an fheòil, ris an do chuir mi cùl.

**O** Dhe na leig do m' pheacadh 's do m' aimideachd sruth do thròcair chaoimh a thionndadh uam an diu : ach dean e 'na la aithreachais augs maitheamhnais do m' a-nam. Nochd thu fein a' d'Athair, rèidh rium, agus gabh rium, mar do dhuine cloinne fein, air sgath do Mhic ionmhuinn Iosa Criod, ann sa bheil do mhòr-thoil ; Dhàsan, mailleriuts', agus ris an Spiorad Naomh, gu 'n robh glòir gu siorruidh. *Amen.*